

Aois aonta: Fiosrachadh

Bidh an lagh a' bruidhinn air 'aois aonta'. 'S e seo an aois a dh'fheumas neach a bhith mus faod iad aontachadh a bhith ri feise.

1. 'S e 16 an aois aonta ann an Alba do dh'fhireannaich agus boireannaich òga.
 2. Tha an aois aonta an aon rud dhan h-uile neach – ged a bhiodh tu straight, leisbeach, gèidh, dà sheòrsach no tàr-ghnèitheach.
 3. Bidh a' mhòr-chuid de dhaoine a' feitheamh gus am bi iad 16 no nas sine mus bi iad ri feise.
 4. Ma tha an dithis agaibh nas sine na 16, agus an dithis agaibh ag iarraidh a bhith ri feise, tha e an uair sin laghail.
 5. Ma tha an dithis agaibh 13, 14 or 15, an uair sin tha thu fhèin agus do chèile a' bristeadh an lagh.
 6. Ma tha aon neach 13, 14 or 15 bliadhna a dh'aois agus aon neach 16 no nas sine, agus ma bhios sibh ri feise, tha an neach as sine a' bristeadh an lagh.
 7. Ma tha thu fo aois 13, tha an lagh ag ràdh gu bheil thu ro òg airson aonta a thoirt seachad airson gnìomhan feiseil sam bith, me suathadh feiseil no feise beòil no feise faighean no feise tòine.
 8. Tha e neo-àbhaisteach gum bi daoine òga (aois 13, 14 or 15) air an cur fo chasaid ma tha an dithis aca toilichte agus fhad 's nach eil aon neach a' toirt air neach eile a bhith ri feise. Ma tha thu 13, 14 no 15 agus gum bruidhinn thu ri neach proifeiseanta mu bhith ri feise rid bhràmaid feumaidh iadsan a bhith cinnteach gu bheil thu sàbhailte còmhla ris an neach sin.
 9. Ma tha thu fo aois 16 agus thu ri feise ri neach a tha tòrr nas sine na tha thusa, bidh neach proifeiseanta iomagain mud shàbhailteachd. 'S dòcha gum feum iad bruidhinn ri daoine eile airson do dhìon, ach bruidhnidh iad riutsa an toiseach fhad 's nach eil èiginn sa chùis mu do shàbhailteachd 's feum air do dhìon bho chron.
 10. Tha e an còmhnaidh ceàrr agus an aghaidh an lagh toirt air neach eile a bhith ri feise an aghaidh an toil, ge bith dè an aois a tha thusa no iadsan.
 11. Airson cuideachadh le dìon dhaoine òga, tha e an aghaidh an lagh do chuideigin 18 no nas sine, a dhol an sàs ann an gnìomh feise le cuideigin aois 16 no 17 ma tha an neach as sine ann an suidheachadh earbsach. Tha suidheachadh earbsa a' ciallachadh cuideigin a tha a' coimhead às do dhèidh mar eisimpleir, ann an sgoil no ann an dachaigh cùraim.
-

Ma tha thu 13, 14 or 15 agus a' smaoinichadh mu bhith ri feise no ma tha thu ri feise mar thà 's dòcha gum bi thu fo iomagain mun lagh. Ma tha, na bi a' smaoinichadh gu bheil uallach air proifeiseantaich fios a chur chun a' phoileas - cha bhith. San àbhaist bidh am proifeisentaich airson comhairle a thaobh slàinte agus taic a thoirt dhut. Feumaidh am proifeisentaich a bhith cinnteach gu bheil an neach òg sàbhailte agus toilichte leis an t-suidheachadh. Tha tòrr eòlas aig clionaigean fallaineachd feise ann a bhith ag obair còmhla ri daoine òga agus tha iad den bheachd gum bu chòir dhuibh seirbheis dhìomhair fhaighinn. Faodaidh daoine òga cuideachd fios a chur gu Childline a bheir seachad tòrr fiosrachaidh dìomhair agus taic do dhaoine òga dhen aois agaibhse.